

Nàiseanta 4 Gàidhlig Labhairt Ceòl

Earrann air a' chuspair "Tha ceòl cudromach" Pàirt 2.

Tidsear: A Mhàiri, tha mi a' faicinn gu bheil ceòl cudromach dhut - chan eil thu a' dol a dh'innse dhomh gum bi thu ag èisteachd ri ceòl sa chlas, a bheil?

Màiri: O chan eil. Chan eil e ceadaichte dhuinn a bhith ag èisteachd ri ceòl sa chlas. Saoilidh mi gur e rud math a tha sin. Faodaidh sinn èisteachd ris aig aon uair deug 's aig àm dinnearach. Ach, mar as trice aig àm dinnearach bidh mi fhìn 's mo charaidean a' bruidhinn ri chèile. Uaireannan mu cheòl, ach glè thric mu na tha air tachairt san sgoil a' mhadainn ud.

Tidsear: Am bi thu a' cluich ionnsramaidean ciùil, a Mhàiri?

Màiri: Bidh. Tha mi air a bhith a' cluich a' bhogsa on a bha mi deich bliadhna a dh'aois agus tha e a' còrdadh rium gu mòr. Tha mi dìreach air tòiseachadh air an fhidheall a chluich cuideachd. Tha mòran agam ri ionnsachadh!